

*'Siubhlach, inntinneach,
eachdraidheil agus smaoineachail
Màiread NicEòid*



AN CREANAICHE

NÀISEANTA 4 & 5

Mion-Sgrùdadh agus Luachadh

AIR FHOILLSEACHADH LE SANDSTONE PRESS



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

JFK: AN SGEULACHD



Dè cho eòlach 's a tha thu air sgeulachd JFK, ceann-suidhe nan Stàitean Aonaichte?

Bhiodh e feumail beagan fhaighinn a-mach mu dheidhinn mus tòisich thu air An Creanaiche a leughadh.

https://www.youtube.com/watch?v=zJeNz0c2xBo&feature=player_embedded

<http://www.bbc.co.uk/news/world-us-canada-25046604>

http://www.bbc.co.uk/history/people/john_f_kennedy



Stiùireadh dhan sgoilear airson gach caibideil:


Tha an stiùireadh a leanas freagarrach agus cudromach airson suidheachadh sam bith anns am bi thu a' sgrùdadh teacsa-sgrìobhte:

1. **Feuch ri na ceistean a fhreagairt nad fhaclan fhèin.**
2. **Dèan cinnteach gum bi na freagairtean agad cho fiosrachail 's a ghabhas.**
3. **Cleachd fianais às an leabhar far a bheil sin freagarrach.**

Nuair a bhios tu air crìoch a chur air obair gach caibideil, bhiodh e feumail dhut sùil a thoirt air na freagairtean agad gus am faic thu mar as urrainn dhut na trì rudan gu h-àrd a leasachadh.

RO-RÀDH

ÌRE 4/5



Lee Harvey Oswald

1. Inns carson a tha Màiri cudromach dhan leabhar.

CAIBIDEIL 1: AN DÀRNA COINNEAMH



ÌRE 4

1. Thoir geàrr-chunntas air mar a chuir Ruairidh agus am boireannach eòlas air a chèile an toiseach. (du. 1 - 2)
2. Dè an cuspair mun do bhruidhinn iad fhad 's a bha iad nan suidhe còmhla? (du. 2 - 3)
3. Ciamar a dh'aithnich am boireannach Ruairidh? (du. 3)
4. Dè an cuspair mun robh am boireannach airson bruidhinn ri Ruairidh? (du. 4)

ÌRE 5

1. 'Chan eil mi fhathast cinnteach a bheil mi a' creidsinn ann an tuiteamas. Ach mura b' e tuiteamas cha bhithinn an seo an-dràsta, a' sgrìobhadh ...'
Inns dè tha Ruairidh a' ciallachadh le bhith a' beachdachadh air a' chaibideil air fad.
2. Cò mu dheidhinn a bha an còmhradh aon uair 's gun robh iad 'deagh fhios a-mach à Glaschu'? (du. 2 - 5)
3. Thoir geàrr-chunntas air na tha sinn a' faighinn a-mach mun bhoireannach anns a' chaibideil seo.
4. Le bhith a' smaoinichadh air a' chaibideil air fad, beachdaich air carson a shuidh am boireannach còmhla ri Ruairidh?

CAIBIDEIL 2: AM PRÒISEACT



ÌRE 4

1. (a) Ciamar a tha fios againn gun robh fiosrachadh air leth cudromach aig Màiri do Ruairidh? (du. 6)

(b) Dè am fiosrachadh a bha seo? (du. 7)

(c) Carson a chuir Màiri fios gu Ruairidh? (du. 7)

2. (a) Beachdaich air cuid de na rudan a thuir Mairi (du. 8 – 9):

'Chan urrainn dhomh (dearbhadh gun robh mi eòlach air Lee Harvey Oswald) ach le fianais mo bheòil.'

'Tha mi a' dol a dh'innse m' eachdraidh dhut ... A h-uile rud.'

'Cha bhi mi beò fada. Nise, cùm sàmhach agus èist rium.'

Dè bha i ag iarraidh às a' chòmhradh?

(b) Beachdaich air cuid de na rudan a thuir Ruairidh (du. 8 – 9):

'Mar a bha Judyth Baker'

'Murtair'

'Carson a chreidinn facal a th' agad?'

Dè bha e ag iarraidh às a' chòmhradh?

3. *'An dèidh dà uair a thide ag èisteachd rithe, bha mo bheul tioram agus bha m' inntinn ann am brochan.'* (du. 9)

Dè tha an seantans seo ag innse dhuinn mu Ruairidh?

ÌRE 5

1. Carson a chuir Màiri fòn gu Ruairidh? (du. 6 – 7)

2. Leugh bho 'Bha mi eòlach ...' (meadhan du. 8) gu 'Nise, cùm sàmhach agus èist rium.' (deireadh du. 9)

Beachdaich air na diofar rudan air an robh Màiri agus Ruairidh ag amas aig a' choinneimh faisg air a' Ghearasdan.

3. Dè am beachd a bh' aig Ruairidh air na chuala e 'an dèidh dà uair a thide ag èisteachd rithe?' (du. 9 – 10)

CAIBIDEIL 3: A' CHIAD CHOINNEAMH



ÌRE 4

1. Ciamar a tha fios againn gur e boireannach aonaranach a bh' ann am Màiri? (du. 11)
2. Dè an dealbh de Dhallas ann an 1963 a tha Màiri a' toirt dhuinn? (du. 12)
3. Tha Màiri ag innse dhuinn gun robh i a' leughadh leabhar mu Mhurt na h-Apann nuair a thachair i ri Lee an toiseach. Inns cò bh' anns 'a' Mhadadh Ruadh' agus 'Seumas a' Ghlinne'? (du. 12 - 14)
4. Beachdaich air na leugh sinn gu h-ìosal. Dè tha gach rud dhiubh seo ag innse dhuinn mu Lee?

(a) 'Shuidh fear ri mo thaobh ... bha mi a' faireachdainn mì-chofhurtail oir bha e follaiseach gun robh e a' leughadh teacsa an leabhair agam.' (du. 12)

(b) 'Choimhead mi air. Bha a shùilean dorch. Cha robh mi cinnteach an e coibhneas no cruadal a bha mi a' faicinn annta.' (du. 12)

(c) 'Carson a tha am murt ainmeil?' chùim e a' dol gun mo cheist a fhreagairt. ... 'A bheil iad nas fheàrr an-diugh?' ... 'Am biodh daoine dubha ag aontachadh riut?' ... 'Ciamar a chaidh am Madadh a mhurt?' (du. 13 - 14)

ÌRE 5

1. Inns mu shuidheachadh Màiri ann an Dallas ann an 1963. (du. 11)
2. Dè na dòighean san robh Dallas agus ìomhaigh Màiri air a' Ghàidhealtachd eadar-dhealaichte? (du. 12)
3. Thoir geàrr-chunntas air Murt na h-Apann. (du. 12 - 14)
4. Beachdaich air an t-seòrsa caractar a bh' ann an Lee Oswald bhon fhiosrachadh a tha Màiri a' toirt dhuinn air duilleagan 12 - 14.

CAIBIDEIL 4: TILLEADH GU CAL'S



ÌRE 4

1. Tha sinn a' faicinn anns a' chaibideil seo gun robh ùidh mhòr aig Lee ann an sgeulachd Sheumais a' Ghlinne:

'Aig an àm sin, nan atharraicheadh tu an ceannard, an Rìgh, bhiodh tu ag atharrachadh an Rìghaltais. ... Aon pheilear, aon bhuille le claidheamh ... Bhiodh a h-uile càil ag atharrachadh.'
(du. 16 - 17)

Le bhith a' coimhead air toiseach duilleag 17, inns carson a bha ùidh aige anns an sgeulachd seo.

2. *'Amy, tha fios agam gur e tè-naidheachd a th' annad ... Bu mhath leam coinneachadh riut ann an dìomhaireachd.'* (du. 17)

Beachdaich air carson a bha Lee air eòlas a chur air Màiri.

3. *'Bha fear ... ann an deise dhorch agus le speuclairean grèine air.'* (du. 17)

Ciamar a tha fios againn gun do chuir an duine seo dragh air Lee agus gun robh ùidh aig an duine seo ann an Lee?

ÌRE 5

1. Seall dè na rudan anns a' chòmhradh eadar Màiri agus Lee a bu chudromaiche do Lee. (du. 16 - 17)
2. Beachdaich air carson a bha Lee air eòlas a chur air Màiri. (du. 17)
3. Ciamar a bha fios aig Màiri gun robh trioblaid air choreigin ann am beatha Lee? (du. 17 - 18)

CAIBIDEIL 5: AN T-AIDEACHADH




ÌRE 4

1. Leugh a' chiad earrainn air duilleag 19 a-rithist. Dè an dòchas a bh' aig Màiri a thaobh Lee?
2. Mìnich carson a bha Lee airson an naidheachd mhòr aige a thoirt do Mhàiri seach do neach-naidheachd eile. (du. 20 – 21)
3. Inns dè am prìomh fhiosrachadh a thug Lee do Mhàiri. (du. 21 – 22)

ÌRE 5

1. Beachdaich air a' chiad earrainn air duilleag 19, par. 1 agus air duilleag 21, par. 4. Dè an dòchas a bh' aig Màiri?
2. Mìnich carson a bha Lee airson eòlas a chur air Màiri. (du. 20 – 21)
3. Inns dè am prìomh fhiosrachadh a thug Lee do Mhàiri. (du. 21 – 22)

CAIBIDEIL 6: AN RABHADH



ÌRE 4

1. (a) Dè an suidheachadh eagalach anns an robh Màiri? (du. 23)
(b) Carson a bha an t-eagal oirre? (du. 23)
2. (a) Carson nach dèanadh e diofar mura loisgeadh Lee air JFK? (du. 24)
(b) Carson nach dèanadh e feum do Lee nan cuireadh e fios dha na meadhanan no fiù 's dhan Taigh Gheal? (du. 24)
3. Dè seòrsa obair anns an robh Lee an sàs? (du. 24-25)
4. Carson a bha cuid a' faicinn JFK mar 'nàmhaid' do na Stàitean Aonaichte? (du. 25-26)

ÌRE 5

1. 'Cha robh faireachdainn mar sin agam a-riamh.'
Le bhith a' coimhead air duilleag 23, mìnich carson a bha seo fìor do Mhàiri aig an àm ud.
2. Carson nach robh suidheachadh Lee cho sìmplidh 's a bha Màiri an toiseach a' smaoinichadh? (du. 24)
3. Thoir geàrr-chunntas air obair Lee chun a sin. (du. 24-25)
4. Carson a bha cuid a' faicinn JFK mar nàmhaid do na Stàitean Aonaichte? (du. 25-26)

CAIBIDEIL 7: LÌONADH BHEÀRNAN



ÌRE 4

- 1.** (a) Carson a dh'fhàs Ruairidh 'feargach le Màiri'? (du. 27)

(b) Carson nach b' urrainn do Mhàiri stad a chur air murt JFK? (du. 28)
- 2.** Le bhith a' leughadh bho bhonn duilleag 28 gu deireadh a' chaibideil, thoir geàrr-chunntas air na prìomh rudan a thachair ann am beatha Màiri. Feuch gun tog thu air na leanas:

 - Far an do rugadh i
 - Gluasad gu dùthaich ùr
 - Bàs a pàrantan
 - Obair
 - Teicheadh às na Stàitean Aonaichte
 - A' Ghàidhealtachd
 - Obair
 - A' Ghàidhlig

ÌRE 5

- 1.** 'Bha cothrom agad an saoghal atharrachadh.' (du. 27)

(a) Mìnich dè bha Ruairidh a' ciallachadh le seo.

(b) Seall mar nach robh seo fìor a thaobh Màiri. (du. 27 - 28)
- 2.** Le bhith a' togail air a' chaibideil air fad, thoir geàrr-chunntas air na prìomh rudan a thachair ann am beatha Màiri.

CAIBIDEIL 8: AN TEICHEADH



ÌRE 4


1. (a) Dè na facail a tha ag innse dhuinn gur dòcha gun do dh'aithnich Jack Ruby Màiri?
(b) Dè an seòrsa duine a bh' ann an Jack Ruby?
(du. 35)
(c) Dè an dà rud a thug air Màiri teicheadh à Dallas? (du. 36)
(d) Carson a ghluais Màiri dhan Ghàidhealtachd?
(du. 36)

ÌRE 5

1. Le bhith a' coimhead air a' chaibideil air fad, seall mar a bha Màiri ann am fìor chunnart às dèidh murt JFK.
2. 'Thàinig fallas orm agus bha mi gus cur a-mach.'
(du. 35 - 36)

Mìnich carson a thug an litir buaidh cho mòr air Màiri.

CAIBIDEIL 9: AN LITIR



ÌRE 4

1. Thoir seachad aon adhbhar a thug air Ruairidh smaoinichadh gun robh e 'do-chreidsinneach' gun do sgrìobh Màiri an litir? (du. 39)
2. Anns a' chaibideil seo, tha Màiri ag innse do Ruairidh mun litir a sgrìobh Lee thuice.

Nad bheachd-sa, dè an dà phìos fiosrachaidh a bu chudromaiche do Mhàiri? (du. 41 - 43)

ÌRE 5

1. Carson a bha Ruairidh 'feargach' gun do sgrìobh Màiri an litir? (du. 39)
2. Thoir geàrr-chunntas air na prìomh rudan a bha ann an litir Lee. (du. 41 - 43)

CAIBIDEIL 10: AN LIOSTA



ÌRE 4

- (a) Carson nach robh Màiri air 'an rud a bu chudromaiche' innse do Ruairidh ron a seo? (du. 44 - 45)


(b) Carson a bha Màiri ag iarraidh am fiosrachadh seo a thoirt dha a-nise? (du. 44 - 45)
- (a) Ciamar a dh'fhairich Màiri às dèidh dhi an litir a losgadh? (du. 47)

(b) Carson a dh'fhairich i mar seo? (du. 47)
- A rèir Màiri, carson a bha LBJ cho cudromach a thaobh murt JFK? (du. 49)

ÌRE 5

- Inns dè an suidheachadh anns an robh Màiri agus mar a bha seo a' toirt buaidh air na dh'innseadh i do Ruairidh. (du. 44 - 45)
- Dè a' bhuaidh a bh' aig losgadh na litreach air Màiri agus carson? (du. 47)
- Carson a bha e fhathast cunnartach LBJ a cheangal ri murt JFK? (du. 48 - 49)

CAIBIDEIL 11: AM MUNCAIDH AS ÀIRDE



ÌRE 4

1. *'Ma thuiteas am muncaidh as àirde às a' chraoibh, cò am fear as àirde a bhios air fhàgail?' (du. 51)*
 - (a) Cò mu dheidhinn a bha Lee a' bruidhinn nuair a dh'ainmich e an dà mhuncaidh?
 - (b) Dè bha Lee a' ciallachadh leis an ìomhaigh seo?
2.
 - (a) Tagh dà abairt air duilleag 51 a tha a' sealltainn nach b' urrainn do Mhàiri gabhail ri na thuirt LBJ.
 - (b) Dè eile a bha a' toirt air Màiri gun na thuirt Lee a chreidsinn?

ÌRE 5

1. Le bhith a' coimhead air a' chaibideil air fad, mìnich carson a bha e doirbh do Mhàiri creidsinn gun robh LBJ air cùl murt JFK?
2. *'Ma thuiteas am muncaidh as àirde às a' chraoibh, cò am fear as àirde a bhios air fhàgail?' (du. 51)*

Mìnich an ìomhaigheachd seo.

CAIBIDEIL 12: MÀIRI AGUS JD



ÌRE 4

1. 'Bha mi fhathast eadar dà bharail air co-dhiù bha an 'Lee' aig Màiri fìor gus nach robh'.

Seall carson a bha Ruairidh teagmhach mu na thuirt Màiri mu na leanas:

- (a) Lyndon Johnson (LBJ) (du. 53)
- (b) Lee Harvey Oswald (du. 54-55)
- (c) JD Tippit (du. 55)
- (d) Gun do thachair i ri JD Tippit aig clas-oidhche Spàinntis. (du. 56-58)

ÌRE 5

1. 'Bha mi fhathast eadar dà bharail air co-dhiù bha an 'Lee' aig Màiri fìor gus nach robh'.

Le bhith a' coimhead air a' chaibideil air fad, thoir geàrr-chunntas air na prìomh theagamhan a bh' aig Ruairidh mu sgeulachd Màiri.

CAIBIDEIL 13: BEITHIR NA BEINNE



ÌRE 4

1. (a) Tagh a dhà no trì de na rudan a thuirt Ruairidh ri Màiri a tha a' sealltainn gun robh e ag iarraidh a bhith cinnteach gur e an fhirinn a bh' aice. (du. 61)

(b) Dè na suidheachaidhean ann am beatha Màiri a thog Ruairidh is e a' feuchainn ri dearbhadh an e an fhirinn a bh' aice? (du. 61 – 63)

2. Dh'èirich strì mhòr eadar Ruairidh agus Màiri anns an earrainn mu dheireadh den chaibideil seo. Leugh an dà sheantans mu dheireadh ('Ma dh'èistean...')

Saoil carson a chuir Ruairidh an dà sheantans seo aig deireadh a' chaibideil? (du. 66)

ÌRE 5

1. (a) Inns dè an t-amas a bh' aig Ruairidh aig toiseach a' chaibideil seo. (du. 61)

(b) Ciamar a dh'fheuch Ruairidh ris an t-amas seo a choileanadh? (du. 61 – 63)

CAIBIDEIL 14: AN CÒMHRADH MU DHEIREADH



ÌRE 4

1. Dè an suidheachadh anns an robh Màiri aig toiseach a' chaibideil? (du. 67)
2. 'Lean mi orm leis a' cheasnachadh.' (du. 73)
Le bhith a' coimhead air duilleagan 68 – 69, carson a cheasnaich Ruairidh Màiri cho cruaidh ged a bha i cho faisg air a' bhàs?
3. Leugh a-rithist an dà earrann mu dheireadh den chaibideil. (du. 74)
Dè an rud a bu chudromaiche do Mhàiri?

ÌRE 5

1. 'Bha Màiri a' smaoinichadh air a bàs nach robh fad-às. Ghnog mi mo cheann ann an co-fhaireachdainn rithe, ach lean mi orm leis a' cheasnachadh.' (du. 73)
Saoil carson a ghiùlain Ruairidh e fhèin mar seo anns a' chaibideil seo?
2. 'Tha thu ann ach chan eil thu ann. Chì mi thu ach cha ghabh mi grèim ort.' (du. 69)
Le bhith a' coimhead air a' cho-theacsa agus air a' chaibideil air fad, minich brìgh nan ìomhaighean seo.
3. 'Ma dh'inns mi breug no dhà, bha mi gam dhìon fhèin, mar a bhios damhain-allaidh a' fighe lion timcheall air. Ach, aig a' mheadhan, tha an damhan-allaidh fìrinneach.'
'Agus 's e cuileag a th' annam, glacte anns an lion agad.' (du. 72)
(a) Le bhith a' coimhead air a' cho-theacsa, minich brìgh an t-samhla agus a' mheatafor seo.
(b) Ciamar a dh'fheuch Ruairidh ri faighinn a-mach às 'an lion' anns an robh e 'glacte'?

CAIBIDEIL 15: AN SGAOILEADH



ÌRE 4

- 1.** 'Bha deireadh an sgeòil gu bhith snasail, snog, coileanta.' (du. 76)

(a) Seall mar a bha an seantans seo fìor a thaobh Màiri le bhith a' smaoinichadh air àite, latha agus uair an sgaoidh. (du. 75)
'Coltach ri nobhail.' (du. 76)

(b) Dè tha an seantans seo agus an co-theacsa ag innse dhuinn mu bheachd Ruairidh air sgeulachd Màiri?
- 2.** (a) Anns a' chaibideil seo, tha Anna (caraid Màiri) ag innse do Ruairidh mu Mhàiri. Tha i an toiseach ag innse mu beatha Màiri mus do ghluais i dhan Ghàidhealtachd. (du. 78 – 79)
Thoir gearr-chunntas air an fhiosrachadh seo.

(b) Tha Anna an uair sin ag innse carson a ghluais Màiri dhan Ghàidhealtachd agus beagan mu beatha an sin. (du. 80 – 81)
Thoir gearr-chunntas air an fhiosrachadh seo.

(c) Dè am fiosrachadh a thug Anna seachad mu 'Lee'? (du. 80 – 81)

(d) A bheil na dh'inns Anna do Ruairidh a' cur ris a' chreideas a th' agad ann am Màiri no ga lagachadh? Inns carson a tha thu den bheachd seo.

ÌRE 5

- 1.** 'Bha deireadh an sgeòil gu bhith snasail, snog, coileanta. Coltach ri nobhail.' (du. 76)

(a) Le bhith a' coimhead air a' cho-theacsa, seall mar a bha a' chiad seantans fìor a thaobh Màiri.

(b) Dè tha an dàrna seantans ag innse dhuinn mu bheachd Ruairidh?
- 2.** 'Bha mi a' faireachdainn gun robh mi air bòrd bàta a bha a' tulgadh air fairge mhòr, agus mi gus cur a-mach.' (du. 79)

Le bhith a' coimhead air a' cho-theacsa, mìnich brìgh na h-ìomhaigheachd seo.
- 3.** Anns a' chaibideil seo, tha Anna (caraid Màiri) ag innse do Ruairidh mu Mhàiri. (du. 78 – 81). Tha cuid den fhiosrachadh mar a chuala Ruairidh bho Mhàiri fhèin. Tha cuid eile uile gu lèir diofraichte.


Thoir gearr-chunntas air:

(a) an fhiosrachadh a bha mar a chuala Ruairidh bho Mhàiri.

(b) an fhiosrachadh a bha diofraichte.

(c) Bhod shealladh-sa, a bheil na fhuair Ruairidh a-mach bho Anna a' cur ris a' chreideas a th' agad ann am Màiri no ga lagachadh? Inns carson a tha thu den bheachd seo.

CAIBIDEIL 16: LITIR BHON UAIGH



ÌRE 4

1. *'Feumaidh mi aideachadh nach robh e na iongnadh dhomh nuair a thàinig an litir tron doras, Diluain an dèidh an sgaoilidh.'* (du. 82)

Leugh a-rithist a' chiad dà earrann ann an Caibideil 15. Carson a tha thu a' smaoinichadh nach robh e 'na iongnadh' gun tàinig 'an litir tron doras'?

2. *'Bha an litir nam làimh airson beagan mhionaidean. Bha mi ... a' mèdachadh.'*

Carson, nad bheachd-sa, a bha Ruairidh mar seo às dèidh dha an litir a leughadh?

3. *'Dhùin mi an litir agus chaidh mi don choimpiutair agam. Bha tiotal agam airson an leabhair ...'* (du. 84)

Leugh Ro-ràdh an leabhair a-rithist.

Saoil carson a cho-dhùin Ruairidh an leabhar a chrìochnachadh?

ÌRE 5

1. *'Feumaidh mi aideachadh nach robh e na iongnadh dhomh nuair a thàinig an litir tron doras, Diluain an dèidh an sgaoilidh.'* (du. 82)

Le bhith a' beachdachadh air an leabhar air fad (gu h-àraid Caibideil 15) agus a' chaibideil seo, carson a tha thu a' smaoinichadh nach robh seo 'na iongnadh'?

2. Le bhith a' beachdachadh air a' chaibideil air fad, seall dè a' bhuidhe a bh' aig litir Màiri air Ruairidh.

3. *'Dhùin mi an litir agus chaidh mi don choimpiutair agam. Bha tiotal agam airson an leabhair ...'* (du. 84)

Às dèidh dhut an leabhar air fad a leughadh (agus às dèidh dhut Ro-ràdh an leabhair a leughadh a-rithist), saoil carson a cho-dhùin Ruairidh an leabhar a chrìochnachadh agus fhoillseachadh?